

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Please scroll down for English Version

BÒRD NA GÀIDHLIG A' CUR TAIC RI CLEACHDADH NA GÀIDHLIG ANNS A CHUNNTAS SLUAIGH

08 An Giblean 2009

Tha Bòrd na Gàidhlig a' moladh do dhaoine ann an Leòdhas agus na Hearadh nach do thill ceisteachain deuchainn a' Chunntais Sluaigh fhathast, an cothrom a ghabhail sin a dhèanamh ann an Gàidhlig.

Bidh luchd-obrach bhon Chunntas a' tadhal air luchd-còmhnaidh a dh'aithghearr 'gan cuideachadh agus 'gam brosnachadh gu bhith a' tilleadh nam bileagan. Bidh am fiosrachadh a thèid a thionnal a' dearbhadh èifeachdas nan ceist agus modhan-obrach feuch a bheil atharrachadh sam bith a dhìth mas tèid an Cunntas foirmeil a chumail air feadh Alba anns a' Mhàrt, 2011.

Tha Oifis Choitcheann a' Chlàraidh, an GROS, a' bhuidheann a tha a' riaghladh a' Chunntais air deagh fhiosrachadh fhaighinn air ais anns an dà sgìre anns am bheileas a' feuchainn nam bileagan agus ceisteachain – Leòdhas agus na Hearadh far an deach 10,000 a sgaoileadh, agus taobh Siar DhunEideann. Seo a' chiad uair a tha cothrom aig daoine a bhith a' freagairt nam bileag air-loidhne agus chaidh barrachd air 1,000 a thilleadh mar tha anns an dòigh sin agus milltean anns an dòigh àbhaisteach air pàipear.

Thuirte Cathraiche Bhòrd na Gàidhlig Art MacCarraig: “Tha mi a' tuigsinn gun deach cuid de na bileagan a thilleadh ann an Gàidhlig thuige seo agus mholainn do dhuine sam bith nach do rinn seo fhathast an cothrom a ghabhail. Tha e soilleir gu leòr gu bheil e air leth cudromach gun tèid seo a dhearbhadh anns na deuchainnan ron Chunntas mhòr. Mar as mòtha a gheibh sinn air ais ann an Gàidhlig, 's ann as mòtha a thèid an luchd-riaghlaidh a mhisneachadh gu bhith a' tairgse Gàidhlig mar chothrom nuair thig e chun Chunntais mhòir ann an 2011. Tha am fiosrachadh a tha an Cunntas a' tionnal uamhasach cudromach dhan Ghàidhlig agus tha e deatamach aig an ìre seo gun dèan sinn ar dìcheall a bhith cinnteach gu bheil na thathas a' cruinneachadh èifeachdach agus dearbhte, agus a' cur ris an stòras de dh'fhiosrachadh a th'againn mun chànan. Bheir sin dhuinn an uair sin an cothrom a bhith nas cinntiche às na h-oidhirpean a tha sinn a' dèanamh gu Plana Nàiseanta na Gàidhlig a dhealbh is a libhrigeadh le bhith a' cuideachadh choimhearsnachdan agus ag amas ar stòras far am bi e gu mòr-fheum anns an ùine-fhada airson seasamhadh na Gàidhlig.

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



'S e àireamh fòn taice a' Chunntais 845 603 1823 agus am fòn-teacs: 0845 603 1824.
Gheibhear barrachd fiosrachadh aig <http://www.cunntas-sluaigh.gov.uk>

Airson barrachd fiosrachaidh mun naidheachd seo bho thaobh Bhòrd na Gàidhlig, cuiribh fios gu Uisdean MacIlllnein air 0751 528 7040. Ma tha ceisten fa-leth agaibh air gnothaichean co-cheangailte ris a' Chunntas fhèin, cuiribh fios gu Manaidsear Roinneil a' Chunntais Sluaigh, Dòmhnall Martainn air 07766160453.

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



BÒRD NA GÀIDHLIG ENCOURAGES GAELIC RESPONSES TO CENSUS TRIAL

08 April 2009

Householders in Lewis and Harris who have not already returned their Census rehearsal questionnaires are being encouraged by Bòrd na Gàidhlig to take up the option of completing the forms in Gaelic.

Enumerators (census takers) will soon be contacting householders and encourage them to complete their census rehearsal questionnaire. The responses will help to check whether the questions, and questionnaire delivery and processing arrangements, need to be adjusted before the Scotland-wide census in March, 2011.

Scotland's census organiser, the General Register Office for Scotland (GROS) has already had an encouraging response from residents in the two rehearsal areas - Lewis and Harris, where 10,000 forms were issued, and west Edinburgh. This is the first time that people have been able to fill in the questionnaire online and over 1,000 have already been submitted and thousands have been completed in the traditional paper format.

Bòrd na Gàidhlig Chair Arthur Cormack said: "I understand that some of the forms already completed have been submitted in Gaelic and I would encourage anyone who still intends to return the forms to do so through the Gaelic option. A high level of participation in this rehearsal is vitally important to ensure that the census itself works well. Clearly, the more responses we have in Gaelic, the more encouragement this gives the organisers to continue to offer the option of completing the form in Gaelic in the main Census in 2011. The information which the census will gather eventually is very important to the language and it is important at this stage that we do everything to ensure that the information being gathered is robust and will contribute to the knowledge base we have of Gaelic. That, in turn, will enable us to better deliver the National Plan for Gaelic by resourcing communities and targeting our activity in communities where it can be of most benefit to the sustainability of the language."

The Census Helpline is 0845 603 1823 and Textphone 0845 603 1824. More information can be found at <http://www.scotlandscensus.gov.uk>

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



For further information on the Bòrd na Gàidhlig aspects of this news release, please contact Hugh Dan MacLennan on 0751 528 7040. Specific issues relating to the Census and the trial are being dealt with by Donald Martin on 0776 616 0453